

## DEALBH-OBACH

Tìotal-obrach	Preasantair & Riochdaire Didseatach	Ìre	C2	Uaireannan Seachdainneach	37
<b>Amas</b>	Is e obair a’ Phreasantair & Riochdaire Didseatach taic a thoirt do Riochdaire Dreach na Seanail agus an Leas-Choimiseanair ann a bhith ag ullachadh nam mìrean eadar phrògraman BBC ALBA agus susbaint co-cheangailte airson an dà chuid ùrlaran loidhneach agus didseatach.				
<b>Cunntachail do</b>	Leas-Choimiseanair				
<b>Le uallach airson</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cruthachadh agus libhrigeadh stuth airson nam mìrean eadar phrògraman agus a’ cumail ri clàran-ama seachdainneach.</li> <li>• A’ sgrìobhadh sgrìobtaichean agus a’ clàradh thar-ghuthan airson nan ceanglaichean.</li> <li>• A’ coimhead thairis air cruthachadh agus cur ri chèile a h-uile eileamaid de mhìrean eadar phrògraman agus grafaigs; a’ stiùireadh cruthachadh de stuthan sanasachd in-thaigh.</li> <li>• A’ cur ri toradh didseatach BBC ALBA, sanasachd iomlan bho BBC ALBA a’ gabhail a-steach stuth didseatach agus ag obair còmhla ri Oifigear nam Meadhanan Didseatach, Leas-Choimiseanair agus co-obraichean eile gus leasachadh agus cumail suas làithreachd didseatach nas làidir airson BBC ALBA.</li> </ul>				
<b>Dàimhean obrach</b>	Bidh an neach san dreuchd ag obair mar bhall de sgioba susbaint Sgioba ALBA fo stiùir an Leas-Choimiseanair agus a’ conaltradh gach là le Riochdaire Dreach na Seanail, Manaidsear Clàr-phrògraman, Oifigear nam Meadhan Didseatach, Manaidsear Conaltradh Bhranndaichean, an Sgioba Teicneòlais, Deasaiche na Seanail, agus luchd-solar in-thaigh/treas phàrtaidh de mhìrean eadar phrògraman agus stuth eile airson ùrlaran loidhneach agus didseatach.				
<b>Toraidhean</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Bidh an neach san dreuchd a’ dèanamh cinnteach gu bheil na pacan làitheil anns am bheil ceanglaichean agus promothan air an cruthachadh is air an libhrigeadh airson a’ chlàr-phrògraman a rèir iarrtasan clàr-ama an TBh agus a rèir dearbh-aithne na seanail.</li> <li>• Bidh an neach san dreuchd a’ dèanamh cinnteach gu bheil an Leas-Choimiseanair a’ faighinn taic agus gu bheil conaltradh èifeachdach a’ gabhail àite eadar nan sgiobaidhean deasachaidh agus teicneòlais.</li> <li>• Bidh an obair a’ dèanamh cinnteach gu bheil na Riochdairean Didseatach agus Oifigear nam Meadhanan Didseatach agus an co-obraichean a’ faighinn taic a thaobh susbaint airson làithreachd dhidseatach BBC ALBA, a’ gabhail a-steach adhartachadh na seanail, agus a’ gabhail a-steach taic aig àm saor-làithean.</li> </ul>				
<b>Priomh ghniomhan</b>	<p>A’ toirt taic do Riochdaire Dreach na Seanail a bhith ag ullachadh clàran-ama mionaideach de mhìrean eadar phrògraman.</p> <p>A’ toirt taic do Riochdaire Dreach na Seanail a bhith a’ cruthachadh agus a’ libhrigeadh pacan làitheil airson a’ chlàr-phrògraman, a’ gabhail a-steach:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Ro-phlanadh airson mìrean clàr-ama TBh: còmhla ri Riochdaire Dreach na Seanail, Manaidsear Clàr-phrògraman, Manaidsear Conaltradh Bhranndaichean, leantaileachd in-thaigh, solaraichean agus deasaiche in-thaigh.</li> <li>• A’ manaidseadh thabhartasan a thaobh nam mìrean eadar phrògraman: A’ clàradh ghuthan airson nam mìrean eadar nam prògraman; a’ stiùireadh stuthan cruthachail airson promothan; a’ sgrìobhadh sgrìobtaichean agus a’</li> </ul>				

	<p>clàradh ghuthan airson promothan a tha a rèir dearbh-aithne agus caractar na seanail; a' cruthachadh teacsa airson nan grafaigs air-èadhar air fad.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Dèanamh cinnteach gu bheil a' phacaid dheireannach a rèir riatanas a' chlàr-ama agus a' dol tro sgrùdaidhean deasachaidh.</li> <li>• Dèanamh cinnteach gu bheil a' phacaid dheireannach air a libhrigeadh ann an deagh àm.</li> <li>• Cur an stuth airson nam mìrean agus an obair pàipeir a tha na chois ann an tasglann.</li> <li>• Planadh de shusbaint didseatach, an dà chuid susbaint didseatach BBC ALBA a sheasas leis fhèin agus stuth adhartachaidh na seanail.</li> <li>• Cruthachadh susbaint didseatach a sheasas leis fhèin agus stuthan adhartachaidh na seanail.</li> <li>• Obrachadh às leth Oifigeir nam Meadhanan Didseatach agus co-obraichean eile.</li> <li>• Gabhail gu dealasach ri leasachadh proifeiseanta, suidheachadh bhuilean agus sgrùdaidhean coileanaidh.</li> </ul>
<p><b>Bun sgilean</b>  <b>Eòlas air a bhith ag obair ann an earrann nam meadhanan/gnìomhachasan cruthachail</b></p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Ìre de thuigse air teicneòlas craolaidh, àrainn stiùidio, deasachadh, agus bhiodh teisteanasan sna meadhanan craolaidh air leth math.</li> <li>• Fìor ùidh agus eòlas follaiseach air a bhith a' cleachdadh nam meadhanan sòisealta.</li> <li>• A' nochdadh comas agus stiùir chruthachail.</li> <li>• Sùbailte agus fèin-bhrosnaichte.</li> <li>• Sàr sgilean Gàidhlig, ann an sgrìobhadh agus còmhradh.</li> <li>• Bhiodh eòlas air sgrìobhadh sgrìobt agus tar-labhairt na bhuannachd.</li> <li>• Àrd-ìre de sgilean IT agus mòran eòlais agus tuigse air ùrlaran meadhanan sòisealta.</li> <li>• Fèin-thòisichear agus an comas prìomhachas a thoirt do thaobhan den obair, comas obrachadh fo chudrom agus le deagh fhulangas le dòigh obrach socair.</li> <li>• Sàr sgilean taisbeanaidh.</li> <li>• Sealltainn comas ionnsachadh gu luath.</li> <li>• An còmhnaidh dìcheallach agus a' toirt deagh aire de nithean mionaideach.</li> <li>• Àrd ìre de sgilean eagrachaidh.</li> <li>• Nochdadh sàr sgilean manaidseadh ama.</li> <li>• Ag obrachadh gu math le daoine eile agus ag obair ann an com-pàirteachasan tarbhach le buill eile den sgioba agus treas phàrtaidhean.</li> <li>• Comasach a bhith ag obair gu sùbailte agus a' siubhal gu tric gu tachartasan gnìomhachais.</li> </ul>
<p><b>Fad na h-obrach</b></p>	<p>Cùmhnannt 12 mìosan airson Fòrladh Màthaireil.</p>